


Montaidh


agus trèan nan taibhs



Diana Bentley • David Melling

Trèan nan Taibhs

TICKETS



Seo Montaidh.


'S e uilebheist mòr tapaidh a th' ann.

Seo Tofaidh, a charaid.


Tha Tofaidh laghach.

Aon là chaidh Montaidh agus Tofaidh
dhan fhèill.

Chaidh iad air trèan nan taibhs agus
bha an t-eagal air Montaidh.




“Seall an damhan-allaidh,”
thuirt Tofaidh.




“Càite?”
thuirt Montaidh.




“Seall an cnàimhneach,”
thuirt Tofaidh.




“Càite?”
thuirt Montaidh.



“Seall an t-uilebheist mòr,”
thuirt Tofaidh.



“Càite?”
thuirt Montaidh.



“Ha! Ha! ’S tu fhèin a th’ ann!”
thuirt Tofaidh.